

curraicealam airson sàr-mhathais:  
cànanan clasaigeach  
prionnsapalan agus cleachdadh

[www.gaidhlig.ltscotland.org.uk](http://www.gaidhlig.ltscotland.org.uk)



# Cànanan clasaigeach

## Prionnsapalan agus cleachdadh

### Dè an luach a th' ann do dhaoine òga cànan clasaigeach ionnsachadh?

Tha ar comas air cleachdadh cànan aig teis-meadhan ar dòigh smaoinichaidh is ionnsachaidh. Tha an tuigse seo aig cridhe eòlasan agus builean nan cànan clasaigeach. Tha an *Curraicealam airson Sàr-mhathais* a' tairgsinn chothroman airson mothachadh a thogail mu thaobhan sònraichte, beothail agus luachmhor ann an cultar agus dualchas clasaigeach. Nuair a bhios daoine òga ag ionnsachadh cànan clasaigeach, bidh iad:

- a' stèidheachadh tuigse làidir air mar a tha cànan ag obair, agus a' toirt air adhart an comais mu bheachdan agus fiosrachadh ann am Beurla agus ann an cànanan eile a shealltainn
- a' faighneachd cheistean, a' toirt air adhart an tuigse, a' smaoinichadh ann an dòigh chruthachail agus sgrùdail airson beachdan agus argamaidean a cheangal ri chèile
- a' leudachadh an tlachd ann, agus an tuigse air, an cultar fhèin agus cultaran eile tro litreachas agus theacsaichean eile.

*Togail a' Churraicealaim 1*

Tha eòlasan agus builean ann an cànanan clasaigeach a' toirt chothroman airson obair cùrsa a tha inntinneach agus buntainneach a thoirt air adhart. Is e cultar agus dualchas aon de na prìomh chuspairean a tha air adhartachadh tro ionnsachadh cànanan clasaigeach. Le bhith ag ionnsachadh cànan clasaigeach, bidh daoine òga a' fàs nas mothachaile buileach air mar a tha roinnean cudromach de chultar, ealain, lagh, siostaman poilitigeach agus luachan sòisealta na h-Alba ceangailte ris an t-saoghal chlasaigeach.

Is urrainn do eòlasan agus builean ann an cànanan clasaigeach cur ri ionnsachadh fad-bheatha do dh'oileanaich aig gach aois; bidh ionnsachadh mu chultaran an t-saoghail no mu mhodhan sòisealta agus poilitigeach na coimhearsnachd againn air an neartachadh tro mhothachadh air na dh'ionnsaich sinn bho na sìobhaltachdan clasaigeach Ròmanach no Greugach.

### Ciamar a tha frèam nan cànan clasaigeach air a chur ri chèile?

Tha frèam eòlasan agus builean nan cànan clasaigeach a' toirt stiùireadh do luchd-teagaisg mu na h-amasan a thathar a' dùileachadh a choileanas luchd-ionnsachaidh aig diofar ìrean. Tha na builean a' gabhail a-steach inbhe comais iomchaidh aig gach ìre gun a bhith a' cuingealachadh ìre a' choileanadh. Cuideachd, tha leud agus raon fèin-eòlais a' ceadachadh adhartas aig diofar ìrean.

Tha na builean ann an cànanan clasaigeach air an cur an òrdugh mar a leanas:

- ag eadar-theangachadh theacsaichean
- mineachadh air teacsaichean
- a' cleachdadh eòlas air cànan
- cultar agus dualchas.

Bidh prògraman ann an cànanan clasaigeach a' solarachadh eòlasan farsaing ionnsachaidh a tha a' toirt còmhla mothachadh air cànan, air cultar agus air dualchas. Le bhith a' cur nan eòlasan agus nan diofar bhuilean sin còmhla, bidh luchd-teagaisg a' toirt cothrom do dhaoine òga ceangalan a dhèanamh thar an cuid ionnsachaidh, tro bhith a' gabhail pàirt ann an suidheachaidhean a tha a' buntainn rim beatha fhèin thar a' churraicealaim. Tha an inbhe adhartais aig a' cheathramh ìre air a dealbh airson a bhith dlùth don ìre co-cheangailte ri SCQF aig ìre 4.

### Dè tha am frèam seo a' ciallachadh do dh'ionnsachadh agus teagasg sna cànanan clasaigeach?

Cleachdaidh an luchd-teagaisg an t-sùbailteachd a tha am frèam a' ceadachadh mu eòlasan agus builean nan cànan clasaigeach, airson suidheachaidhean teagaisg agus ionnsachaidh brosnachail a dhealbhadh agus a phlanadh. Bheir sin cothrom do dhaoine òga a bhith mothachail air mar a tha cànanan clasaigeach a' toirt fèin-eòlas dhaibh agus a' toirt air adhart sgilean a bhios a' cur ri na ceithir comasan den *Churraicealam airson Sàr-mhathais*.

Bidh daoine òga a tha ag ionnsachadh cànanan clasaigeach ann an àrainn shaidhbhir thaiceil, a' faighinn tlachd bho mheasgachadh de dhòighean teagaisg a tha air am planadh gu sgileil, a' gabhail a-steach:

- obair neo-eisimeileach agus eadar-obrachail
- teagasg eadar-obrachail, dhìreach, èifeachdach
- co-theacsan a tha a' togail air fèin-eòlas nan daoine òga fhèin a chleachdadh
- prionnsapalan Measadh airson Ionnsachadh
- innealan rannsachaidh agus teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh a chleachdadh gu h-èifeachdach.

## **Cuin a thòisicheas daoine òga air cànan clasaigeach ionnsachadh? Dè tha seo a' ciallachadh do adhartas?**

Tha eòlasan agus builean nan cànan clasaigeach air an tairgsinn aig an treas agus aig a' cheathramh ìre. Ged nach àbhaist do dhaoine òga a bhith a' tòiseachadh air cànan clasaigeach ionnsachadh ro AS1, tha cuid a' faighinn aithne air Laideann no Greugais chlasaigeach nas tràithe na sin, tro ionnsachadh cànan air leth no mar phàirt de chùrsa mothachaidh cànan.

Bidh tòiseachadh tràth air ionnsachadh cànan clasaigeach, a tha air a dheagh phlanadh, na bhuannachd dhan chloinn agus do dhaoine òga tro cho-theacsan inntinneach. Glacar inntinn na cloinne a thaobh phàtrain, chòdan agus mhiotas-eòlas tro gheamannan, tro dhiofar aibidilean a rannsachadh, a' coileanadh òrdain shimplidh agus ag èisteachd ri no, a' leughadh, sgeulachdan air an eadar-theangachadh bhon t-saoghal chlasaigeach. Bidh sgoiltean a bhios a' tòiseachadh tràth mar seo a' gluasad chloinne agus dhaoine òga gu eòlasan agus builean air a bheil iomradh aig an treas ìre. Bheir seo dhaibh cothroman brosnachail cuid de na builean no na builean uile a choileanadh, le doimhneachd agus le farsaingeachd.

## **Dè na comharran farsaing a th' ann am measadh cànan clasaigeach?**

Bidh measadh sna cànanan clasaigeach ag amas air leudachadh eòlas agus tuigse chloinne agus dhaoine òga air a' chànan a tha iad ag ionnsachadh, agus air a chultar 's air a dhualchas. Bidh iad an sin a' cleachdadh an sgilean agus an comasan a thaobh mion-sgrùdadh, eadar-theangachadh agus mìneachadh theacsaichean litreachais, airson sealltainn na dh'ionnsaich iad ann an diofar shuidheachaidhean.

Bidh luchd-teagaisg a' cumail cunntas air adhartas chloinne agus dhaoine òga mar phàirt den ionnsachadh bho latha gu latha tro obair aon neach agus bhuidhnean. Bidh fiosrachadh bho mheasadh mar dhearbhadh air adhartas. Bidh clann agus daoine òga a' sealltainn adhartas ann an diofar dhòighean agus bu chòir dòighean measaidh a bhith a' dearbhadh na h-ìre gu bheil iad a' cur an cèill nan sgilean a thug iad air adhart. Mar eisimpleir:

- Cho math 's a tha iad air dèiligeadh ri eadar-theangachadh agus mìneachadh theacsaichean?
- An ìre gu bheil iad a' sealltainn an tuigse air mar a tha an cànan, briathrachas a' chànan agus structaran a' chànan ag obair?
- An ìre gu bheil iad a' sealltainn barrachd tuigse mu chultar agus mu dhualchas an t-saoghail chlasaigich?

Bidh adhartas ann an eòlas, tuigse agus sgilean air a shealltainn tro chomas dhaoine òga air dèiligeadh ri teacsaichean a bhios nas fhaide agus nas fhille. Ann a bhith a' toirt fhreagairtean nas fhaide agus nas fhille ann an sgrìobhadh, bidh iad a' sealltainn misneachd ann an coileanadh ghnìomhan gun uiread de thaic. Bu chòir do dhòighean measaidh a bhith a' sealltainn fianais mu thlachd, sgilean smaoineachaidh agus mion-sgrùdadh. Bidh iad a' dearbhadh na h-ìre gu bheil clann agus daoine òga a' cur an cèill an sgilean cànan clasaigeach ann an raointean eile den ionnsachadh agus dem beatha làitheil, agus bidh iad a' fàs nas comasaiche air conaltradh. Bu chòir do mheasadh a bhith ceangailte ri raointean eile den churraicealam, taobh a-staigh agus taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg, a' tairgsinn chothroman dhan chloinn agus do dhaoine òga a bhith mothachail air dualchas cultarach agus air dileab nan Ròmanach agus nan Greugach.

## Ciamar a tha frèam nan cànan clasaigeach a' ceangal ri raointean eile den churraicealam?

Tha ionnsachadh cànan air a neartachadh gu mòr nuair a tha e air a cheangal ri, no air a stèidheachadh, sa churraicealam fharsaing airson gum faigh clann agus daoine òga tlachd bho bhith a' rannsachadh agus a' cleachdadh cànan nam beatha fhèin. Mun àm a thòisicheas iad ag ionnsachadh chànanan clasaigeach, bidh luchd-ionnsachaidh air an cànan(an) dùthchasach a thogail agus bidh iad air tòiseachadh a' sgrùdadh Beurla no Gàidhlig agus 's dòcha nuadh-chànan cuideachd. Tha e glè chudromach gun urrainn do luchd-teagaisg mòr-fheum a dhèanamh de chothroman airson ionnsachadh ann an cànanan clasaigeach a cheangal ri gach cànan ann an coimhearsnachd na sgoile. San dòigh seo, bidh daoine òga air am brosnachadh gu bhith a' rannsachadh agus a' feuchainn a-mach pàtrain fuaim agus a' dèanamh cheangalan agus choimeasan eadar chànanan. Mar sin tuigidh luchd-ionnsachaidh, ann a bhith ag obair a dh'ionnsaigh builean na treas ìre, gum bi iad a' togail air na sgilean a fhuair iad roimhe ann an cànan agus ann an litearrachd.

Tha eòlas, eadar gur ann mu Laideann no mu Ghreugais ga dhèanamh nas fhasa cànanan eile ionnsachadh, le bhith a' buileachadh structaran airson cànanan eile a thogail. Tha ceanglaichean dìreach aig na sgilean mìneachaidh a tha air an teagasg tro chànanan clasaigeach ri Beurla agus Gàidhlig, ri na h-ealain chruthachail agus ri cuspairean sòisealta. Gabhaidh ionnsachadh ann an raointean eile den churraicealam, leithid saidheans, a bhith air a neartachadh tro eòlas air cànanan clasaigeach.